


AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Tormod

le Daibhidh Màrtainn



Faclair

Leugh an sgeulachd. Coimhead air na faclan/abairtean air an taobh chli agus lorg a' chiall as fhaighe orra bhon liosta air an taobh dheas:

cluasag	gun a bhith ro bhlàth
breitheanas	a bhith a' gabhail ri leisgeul cuideigin nuair a nì iad rudeigin ceàrr
lon-dubh	na daoine a bhios a' frithealadh eaglais
teachdaireachd	far an cuir thu do cheann san leabaidh
fionnar	binn airson rudeigin a rinn thu
pàganach	toibheumach
mathanas	fios a th' air a thoirt seachad
coithional	eun a tha ainmeil airson seinn

Ceistean

Smaoinichibh air na ceistean a leanas ann am pàidhrichean:

1. Minich cò ris a bha beatha Thormoid coltach aig toiseach na sgeòil.
2. Carson nach robh Tormod air a bhith a' frithealadh na h-eaglaise on a bha e còig bliadhna deug?
3. Dè an ùpraid a bha a' dol air adhart taobh a-muigh na h-eaglaise nuair a ràinig Tormod?

4. Seall mar a tha an sgrìobhadair a' dèiligeadh ris na caractaran às a' choithional.
5. Dè thachair nuair a shuidh Tormod sìos san eaglais?
6. Dè an sealladh a bha ga fheitheamh nuair a choisich e a-mach às an eaglais?
7. Carson a bha an dithis eile air tighinn dhan eaglais?
8. Dè rinn an coithional nuair a thuig iad nach b' e Tormod bu choireach ris a' ghraffiti?
9. Saoil dè beachd Thormoid air an eaglais aig deireadh na sgeòil? Mìnich do beachd.

Deasbad

Saoil dè tha an sgrìobhadair ag ràdh mu chreideamh san sgeulachd? Beachdaich air na puingeann a leanas:

- Feumaidh tu a bhith a' frithealadh na h-eaglaise airson bhith a' creidsinn.
- Tha a h-uile duine a tha a' frithealadh na h-eaglaise nan Crìosdaidhean.
- Eachdaich air caractaran muinntir a' choithionail. Dè seòrsa caractaran a th' annta? An robh Tormod a' dol a dh'fhaighinn fois is sìth nam measg? Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.
- Smaoinich air a' ghille a rinn an sgrìobhadh agus athair a' nochdadh aig an eaglais. Dè rinn iadsan nach do rinn muinntir na h-eaglaise san stòiridh? A bheil seo mar phàirt de theachdaireachd na sgeòil?
- Smaoinich air na thuirt Tormod san stòiridh mun graffiti air an eaglais: "S iad na daoine a tha cudromach, chan e an togalach. 'S e dìreach togalach a tha sin," thilg Tormod air ais.

A bheil Tormod ceart? A bheil e gu diofar càit a bheil thu ag adhradh no dè cho brèagha 's a tha an t-àite? Thoir seachad adhbharan airson do beachd.

A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an stòiridh ag ainmeachadh na leanas:

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair.
2. Beagan mu cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd.
3. Suidheachadh – carson a tha seo cudromach dhan stòiridh? Cuimhnich air na h-adhbharan a bh' aig Tormod airson a dhol a dh'fhuireach san àite sa chiad dol a-mach.
4. Cuspairean agus mar a tha an t-ùghdar a' dèiligeadh riutha. A bheil e doirbh do sgrìobhadair Gàidhlig a bhith a' dèiligeadh ri cuspairean mar seo? Carson?
5. A bheil thu den beachd gu bheil e math gu bheil sgeulachdan againn a bhios connspaideach agus a bhios a' toirt oirnn ceistean a thogail? Mìnich do beachd.

6. Na caractaran a tha a' nochdadh anns an stòiridh. Dè do bheachd air Tormod fhèin? Ciamar a tha e eadar-dhealaichte bhon choithional? Carson a sheall an t-ùghdar an stòiridh mu athair agus a mhac a' nochdadh aig an eaglais dhan leughadair?
7. Saoil dè a' bhuaidh a bh' aig na thachair air Tormod? Smaoinich air cho fada is a thug e a dhol a dh'eaglais a-rithist. A bheil thu den bheachd gum bi e a' tadhal a-rithist a dh'aithghearr?
8. Smaoinich air an teachdaireachd a tha air cùl na sgeòil. Dè tha an t-ùghdar a' feuchainn ri innse dhuinn? Dè cho soirbheachail is a tha an t-ùghdar ann a bhith a' sealltainn seo dhan leughadair? Minich do bheachd.

